

Sùil Sgiobalta

Diciadain 2 Dàmhair 2019		Diardaoin 3 Dàmhair 2019	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Earrannan-leughaidh Goirid	Earrannan-leughaidh Goirid	Sunnd, In-ghabhaltas agus Co-ionannachd	Sunnd, In-ghabhaltas agus Co-ionannachd
A' brosnachadh co-ionannachd agus sàr-mhathas aig an tràth-ìre ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	A' cleachdadh leabhraichean agus siùbhlachd a bhrosnachadh aig an tràth-ìre.	A' cumail taic ri clann le mì-rian cànan ann am Foghlam tron Ghàidhlig	A' cumail taic ri clann le mì-rian cànan ann am Foghlam tron Ghàidhlig
STEAM	STEAM	Giglets Gaidhlig*	Giglets Gaidhlig*
Cleachdadh Stuthan Taic	Cleachdadh Stuthan Taic	Stiùireadh airson sgrìobhadh	Stiùireadh airson sgrìobhadh
Emotion Works	Emotion Works	Ceòl	Ceòl
Co-mheasadh - Coileanadh ìre*			A' toirt piseach air eadar-ghluasadan le e-Sgoil/ICT*
FilmG			

*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg àrd-sgoile

1. A' cumail taic ri clann le mì-rian cànan ann am Foghlam tron Ghàidhlig

Morna Nic a' Bhùidseir, SLT;

Dr Vicky Chondrogianni,

Leas-ollamh ann an Dà-chànanas, Oilthigh Dhùn Èideann;

Dr Maria Garraffa,

Leas-ollamh ann an Saidhceòlas Cànan, Oilthigh Heriot-Watt.

Cothrom beachdachadh air dòighean measadh a dhèanamh airson, agus taic a thoirt seachad do chloinn le mì-rian cànan ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG). Cluinnidh sibh mu mar a thathas a' dèiligeadh ri measadh airson mì-rian cànan am measg na cloinne a tha dà-chànanach, agus mu ghoireasan ùra airson clann ann am FtG. Sa bhùth-obrach, gheibh sibh cothrom na goireasan fheuchainn, agus beachdan a thoirt seachad orra. 'S e bùth-obrach dà-chànanach a tha seo.

2. Stiùireadh airson sgrìobhadh

Sue Palmer & Cairistiona NicLeòid

Trobadh agus faigh a-mach mu 'chnàimhnic' - innleachdan planaigh simplidh, faicsinneach a tha co-cheangailte ri seòrsaichean teacsa neo-fhicsein, agus a bhios

- a' togail mothachadh na cloinne air an dòigh sa bheil diofar theacsaichean neo-fhicsein air an cur air dòigh, agus mar a tha seo a' toirt buaidh air an dòigh anns am bi thu a' sgrìobhadh (a' gabhail a-steach pharagrafan)
- a' dèanamh ceangal eadar teagasg leughadh agus sgrìobhadh neo-fhicsein agus obair na cloinne tarsainn a' churraicealam
- a' dèanamh ceangal eadar togail sgìlean litearrachd agus "sgìlean smaoinichaidh"
- a' toirt fòcas airson labhairt agus èisteachd stiùirichte.

3. Cleachdadh Stuthan Taic

Peigi Anna Chaimbeul & Chris Anna NicCoinnich

Chaidh na duilleagan 'Fuaimean Feumail' agus 'Fuaimean Còmhla' a chur ri chèile airson taic a thoirt do chlann aig an robh duilgheadasan leughaidh. Thàinig beachd airson nan stuthan seo bho bhith faicinn stuth a bhathar a' cleachdadh le clann sa chlas Bheurla agus mar a bha iad a' dèanamh adhartas le fuaimean agus leughadh air an sgàth. Bruidhnear air mar as còir a bhith gan cleachdadh agus seallaidh sinn cuideachd air stuthan eile a dh'fhaodar a chur gu feum le clann a tha feumach air taic.

4. STEAM

Cairistiona NicLeòid & Sìneag Nic an t-Saoir

Saidheans

Planadh tar-churraicealam - Goireasan, Slatan-tomhais, Measadh

A' toirt bun-bheachdan saidheans a-steach tro innse sgeulachdan.

A' leasachadh briathrachas - dòighean air cànan labhairte agus Àrd-sgìlean Smaoinichaidh a leasachadh

Teicneòlasan

Còdadh airson Ealain agus Matamataig

Einnseanaireachd

Dùbhlain fhurasta sa chlas

Ealain Chruthachail

A' cleachdadh teicneòlas gus na h-Ealain a leasachadh

Ceanglaichean tar-churraicealam

5. Foghlam Alba

A' brosnachadh co-ionannachd agus sàr-mhathas aig an tràth-ìre ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Joan Esson HMI & Dr Marion Burns HMI

Tha leudachadh air an 1140 uair a thìde shaor airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne na phrògram àrd-amasach. Le seo dh'fhaodadh piseach tighinn air siùbhlachd na cloinne agus air coileanadh ann am FMG. Le fianais bho sgrùdaidhean, tha luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' comharrachadh cho cudromach 's a tha làn-bhogadh nuair a thathar a' dealbhadh deagh eòlasan-ionnsachaidh farsaing, ceumnach mar phàirt den 'tràth-ìre' den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Molaidh Joan Esson HMI gun tèid 'Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig' a chleachdadh ann a bhith a' cur an 1140 uair a thìde shaor an sàs. Coimheadaidh Dr Marion Burns, HMI, ri àite nan tidsearan agus an luchd-obrach ann am planadh agus libhrigeadh curraicealam na tràth-ìre, a' freagairt ri ùidh na cloinne agus a' cur cluich an sàs mar eòlas-teagaisg. 'S iad sin raointean a thog luchd-obrach ri HMI mar dhùbhlain, nuair a chaidh luachadh a dhèanamh air sgeama pileatach an 1140 uair a thìde shaor. Sa bhùth-obrach thèid beachdachadh air eadar-ghluasad èifeachdach bhon sgoil-àraich, agus curraicealam P1 a' togail air na ionnsaich iad roimhe. Bidh cothroman ann cuideachd airson còmhradh agus co-obrachadh.

6. Film G: Sgilean Gearraidh

Eilidh Rankin

Am bu toigh leis na sgoilearan agad pàirt a ghabhail ann am farpais FilmG, no iomairtean ùra Disasta no Blasta no Sgilean Spòrs? Thigibh chun a seo ach an ionnsaich sibh mar a nì sibh beagan obair filmidh is deasachaidh a' cleachdadh apps a tha rim faotainn saor-an-asgaidh.

7. A' cleachdadh leabhraichean gus siùbhlachd a bhrosnachadh aig an tràth-ìre

Cairistiona NicGriogair

Le cuideachadh sgoilearan, coimheadaidh sinn air leabhraichean agus mar a chleachdas sinn iad gus sgilean litearrachd a thoirt air adhart. Innsidh sinn mun t-slighe leughaidh againn agus mu bhith an lùib Dùbhlann Leughaidh a' Chiad Mhinisteir. Coimheadaidh sinn air dòighean air obrachadh còmhla ri buidhnean mar an Scottish Book Trust agus Comhairle nan Leabhraichean. Cuideachd seallaidh sinn mar a ghabhas apps shìmplidh air iPads a chleachdadh gus misneachd na cloinne a thogail a thaobh sgilean cànan labhairte. Bidh cothrom aig riochdairean coimhead air goireasan a chaidh a chleachdadh agus beachdan bho shuidheachadh an rùm-teagaisg againn.

8. Earrannan-leughaidh Goirid

Dougie Beck

A' leasachadh agus a' cruthachadh ghoireasan-leughaidh goirid thar a' Churraicealam.

9. Sunnd, In-ghabhaltas agus Co-ionannachd

Sàra NicFhearghais

Ro-innleachdan agus eadar-theachdan aig ìre sgoile a bhrosnaicheas Sunnd, In-ghabhaltas agus Co-ionannachd agus a bheir taic do na sgoilearan gu lèir leotha.

10. Ceòl

Jackie Mullen & Dolina Rothach

Sa bhùth-obrach seo, gheibh thu cothrom ionnsramaidean buille-chiùil gleusta agus neo-ghleusta a chleachdadh mar chèol-taic ri òrain Ghàidhlig shimplidh airson ìre na bun-sgoile. Bidh corra ukulele ri fhaighinn cuideachd. Tha thu di-beathte ionnsramaid sam bith a thoirt leat, ach bidh ionnsramaidean gu leòr ann airson a h-uile duine. Tha fàilte romhad ge brith dè do chomas no d' eòlas air ceòl.

11. Emotion Works

Claire Murray & Vicki Renton

'S e prògram foghlaim a th' ann an Emotion Works airson piseach a thoirt air litearrachd agus sunnd faireachail. Chaidh a leasachadh agus fheuchainn a-mach ann an Alba thar 10 bliadhna a rèir Curaicealam airson Sàr-mhathas, GIRFEC agus iomairtean eile co-cheangailte ri Poileasaidh ann an Alba le Dùbhlann Coileanadh an cois sin.

Tha goireasan agus trèanadh an lùib Emotion Works do thidsearan, agus do luchd-obrach eile ann am foghlam ann an sgoiltean, ann an sgoiltean-àraich agus ann an seirbheisean taic a bharrachd a bhios a' cuideachadh sgoilearan gu bhith a' togail tuigse, comas agus cànan faireachail aig gach aois 's ìre. Gheibhear sealladh dhen phrògram anns a' bhùth-obrach seo le taisbeanadh air mar a ghabhas a libhrigeadh sa Bhun-sgoil – (agus san sgoil-àraich a rèir 's cò bhios an làthair).

Faodar coimhead air a' bhùth-obrach mar Thrèanadh Tòiseachaidh do dhaoine aig a bheil Emotion Works mar-thà anns na sgoiltean, no do dhaoine a tha airson pàirt a ghabhail sa phrògram airson an latha.

Tha a' bhùth-obrach cuideachd a' sireadh fiosrachadh air ais bhon fheadhainn a bhios an làthair air dè cho feumail 's a bhiodh e dreach Gàidhlig a dhèanamh de ghoireasan Emotion Works. Bithear cuideachd a' coimhead air dòighean san gabhadh compàirteachas a thogail ann an coimhearsnachd na Gàidhlig.

Co-bhùthan-obrach - Bun-sgoil & Àrd-sgoil

1. Foghlam Alba Co-mheasadh - Coileanadh Ìre

Maeve NicFhionghain

Tha coileanadh ìre stèidhte air breithneachadh proifeiseanta tidseir aig a bheil farsaingeachd fiosrachaidh, agus bu chòir dha a bhith earbsach agus làidir. Cha ghabh seo a dhèanamh ach le co-mheasadh èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagasg agus measadh. Nì an seisean pragtaigeach seo fòcas air litearrachd agus Gàidhlig agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh), tarsainn air na ceithir sgilean - èisteachd agus labhairt, leughadh agus sgrìobhadh.

Am measg nam prìomh chuspairean a thèid a thaisbeanadh agus a dheasbad bidh:

- A' cleachdadh nan Slatan-tomhais Nàiseanta gus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta air coileanadh ìre;
- Ath-sgrùdadh air diofar phìosan fianais, gus a dhearbhadh an deach an t-slat-tomhais a bhathar a' sùileachadh a choileanadh - nam measg bidh cleachdadh POLAAR, measaidhean coitcheann nàiseanta (MCNG) agus measaidhean iomlanach;
- A' coileanadh farsaingeachd ionnsachaidh tarsainn air eòlas, tuigse agus sgilean, mar a tha air a chur an cèill sna h-eòlasan agus na builean airson na h-ìre;
- Sgoilearan a' sìor fhreagairt gu math ris an ìre dùbhlain a tha air a cur an cèill sna h-eòlasan agus na builean airson na h-ìre, agus a' tòiseachadh a ghluasad air adhart chun na h-ath ìre;
- Sgoilearan a' sealltainn gu bheil iad a' cleachdadh na dh'ionnsaich iad ann an suidheachaidhean ùra air nach eil iad eòlach.

Tha air iarraidh air luchd-teagaisg fianais measaidh air coileanadh ìre thairis air na ceithir sgilean cànan a thoirt chun an Alltain. Thèid a cleachdadh gus co- thuigse fhaighinn air na slatan-tomhais airson coileanadh ìre. Bu chòir luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil na ceadan buntainneach aca gus eisimpleirean de obair nan sgoilearan a shealltainn.

2. Giglets Gàidhlig - fuasgladh litearrachd nàiseanta do sgoiltean GME ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig

Seona NicRuairidh

Tha goireas litearrachd Giglets Gàidhlig ri fhaighinn le sgoiltean sa bheil FMG, le maoinachadh Bòrd na Gàidhlig. Tha an goireas a' faighinn taic bho ùghdarrasan ionadail na h-Alba gu lèir, agus bho Stòrlann, agus tha e air a chleachdadh mu thràth sa mhòr-chuid de sgoiltean sa bheil FMG. Tha a' bhùth-obrach seo freagarrach do thidsearan FMG bun-sgoile agus àrd-sgoile. Bidh e mar thoiseach tòiseachaidh no mar ùrachadh do thidsearan FMG. Bidh a' bhùth-obrach a' còmhach leabharlann de theacsaichean Gàidhlig a tha a' sìor fhàs, mòran dhiubh le tar-ghuthan, beothachaidhean agus dealbhan, agus na ceudan de ghoireasan Gàidhlig.

A rèir 's mar a tha an t-eadar-lìon air an latha, leigidh a' bhùth-obrach le tidsearan logadh a-steach dhan ghoireas bheò, agus mar sin, mas urrainn dhuibh idir, thoiribh leibh laptop/chromebook/taiblid/ inneal làimhe; co-dhiù, gheibh sibh buannachd às a' bhùth-obrach ged nach biodh coimpiutair agaibh. Bhiodh e na b' fheàrr nan cuireadh sibh post-d gu seona@giglets.com no karsten@giglets.com ro làimh, agus cuiridh iad ainm-loga air dòigh dhuibh.

3. A' toirt piseach air eadar-ghluasadan le e-Sgoil/ICT

Aonghas MacIllInnein (Ceannard e-Sgoil)

Sa bhùth-obrach eadar-obrachail seo gheibh compàirtichean cothrom cnuasachadh air an cleachdadh an-dràsta a thaobh eadar-ghluasadan, planadh airson leasachadh, agus beachdachadh air e-Sgoil no leasachain ICT eile a chleachdadh airson eadar-ghluasadan.